

Roddy Maclean
Freelance Journalist
13 Old Mill Lane, Inverness
Scotland IV2 3XP
Ph/fax: +44 (0)1463 220954
e-mail: rodny@culcabockpublishing.co.uk

Ruairidh MacIlleathain
Craoladair is Sgrìobhadair
13 Old Mill Lane, Inbhir Nis
Alba IV2 3XP
Fòn/facs: +44 (0)1463 220954
post-d: rodny@culcabockpublishing.co.uk

Beachd air an dreachd Phlana Nàiseanta airson na Gàidhlig, Foghar 2006

le Ruairidh MacIlleathain

Geàrr-chunntas Beurla:

I have concerns about the lack of accessibility of the Plana to the general public because of the register of language used (in both Gaelic and English) and would strongly recommend an Executive Summary be included in any future reports by Bòrd na Gàidhlig which are to be scrutinised by the general public.

I am concerned that setting targets for 2011 is unrealistic given the short time-scale and would prefer the first targets to be set much higher, but for 2021.

I feel there is too little emphasis on adult/late teenage learners of the language in the report. This group still feels disenfranchised to a great degree by the groups supporting Gaelic development. There should be a more distinctive emphasis on the language being accessible to people anywhere in Scotland, regardless of age, gender, income or ethnic background.

There is a basic flaw on page 12 (English version) which refers to 50% of children able to speak Gaelic in families in which the Census reference person is able to speak Gaelic. We should be looking at households with at least one Gaelic speaking adult, not simply the Census reference person.

The Plana does make mention of the importance of language transmission in the home but in the context of putting the Plana into action, I'm not sure it gives it enough emphasis. The last priority should be the first one – “promote awareness of the fundamental role of the home in language development and maintenance”. If that

is not achieved, then the “strategies of transmission of Gaelic in the home” are a waste of time because transmission won’t be happening.

Earrann 1: Puingean san fharsaingeachd:

1. Conaltradh leis an t-Sluagh:

Tha an t-eagal orm gu bheil an aithisg sgrìobhte gu sònraichte dhaibhsan a tha cleachdte ri a leithid, agus gu seachd àraidh do sheirbheisich phoblach. Gabhaidh sin tuigsinn oir ’s iad sin na daoine a dh’fheumas dèiligeadh ri plana mar seo ann an seagh obrach, ach feumar a ràdh nach eil i furasta leughadh do dhaoine sa choimhearsnachd nach eil cleachdte ri a leithid. Mholainn gum biodh am Bòrd ag ullachadh geàrr-chunntasan (“*executive summaries*”) mar phàirt de dh’aithisg sam bith eile a dh’ullaicheas iad san àm ri teachd.

2. Targaidean/amasan airson 2011/2012:

Chanainn gur e mearachd a th’ ann gu bheil sibh air targaidean a chur romhaibh cho luath ri 2012 oir tha teansa mhath nach bithear gan coileanadh (ged nach àrd iad) agus gum bi cuid a’ cleachdadh sin mar chothrom airson buille a thoirt don chànan agus do dh’obair a’ Bhùird. Bu chòir dhuibh cur às do na targaidean sin, agus targaidean mòran nas àirde a chur romhaibh airson 2021/2022. Bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig a bhith a’ toirt sùil còrr is deich bliadhna air adhart, agus a bhith a’ sealltainn don riaghaltas gu bheil iad a’ stèidheachadh bunait a mhaireas airson na Gàidhlig.

3. Luchd-ionnsachaidh:

Tha mi an sàs gu mòr ann a bhith a’ frithealadh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus fhuair mi beachd gu math làidir bho fheadhainn aca a leugh an Dreachd Phlana Nàiseanta gu bheil iad a’ faireachdainn nach eil am Plana a’ gabhail feairt orra. Chuala mi iomadh beachd bhuapa gun robh e mar chomharra (“a-rithist”, mar a thuirt iad rium) nach eil àrd-urrachan na Gàidhlig, aig a bheil an cànan bho dhùthchas, a’ cur luach annta no fàilte orra mar bu chòir. Tha beachd làidir làidir air taobh a’ chànan aig cuid de luchd-ionnsachaidh. Tha iad ag ionnsachadh na Gàidhlig a chionn ’s gu bheil gràdh aca air a’ chànan (airson diofar adhbharan). Feumaidh Plana Nàiseanta na Gàidhlig sealltainn gu bheil tuigse aig Bòrd na Gàidhlig air sin ’s gu bheil tuigse aca gu bheil coimhearsnachd na Gàidhlig feumach air na

miltean mòra de luchd-ionnsachaidh ma tha labhairt is cleachdadh a' chànan gu bhith a' dol am meud sna bliadhnaichean romhainn.

Earrann 2: Na Roinnean Gnìomh:

1. Spionnadh:

An Ro-ràdh:

Tha mearachd bhunaiteach anns an “Targaid ann an Cunntas 2011. Thathar a-mach air “50% de chloinn a bhith comasach air Gàidhlig a bhruidhinn ann an teaghlaichean anns a bheil neach-comharra a' chunntais-sluaigh comasach air Gàidhlig a bhruidhinn”. Gu math tric, 's e am **fear** a tha a' nochdadh mar neach-comharra ma tha càraid ann. Ach dè thachras mas ann aig an neach eile (me a' bhean aige) a tha Gàidhlig? Faodar fiosrachadh claon fhaighinn le bhith a' coimhead a-mhàin air an neach-chomharra.

Mholainn gu làidir cur às don targaid seo airson 2011 agus targaid eile a chomharrachadh airson 2021: “Gum bi 100% de chloinn comasach air Gàidhlig a bhruidhinn ann an dachannan anns a bheil Gàidhlig aig co-dhiù aona phàrant.” Feumaidh sinn a bhith ag amas air seo gu làidir – chan eil càil nas cudromaiche na seo oir tha a' Ghàidhlig air call mòr mòr fhulaing air sàilleabh 's nach eil i air a bhith air a toirt seachad bho ghinealach gu ginealach.

1.1 Dachaigh:

Tha mi air leth toilichte gu bheil an dachaigh a' nochdadh sa chiad àite san aithisg oir chan eil dad nas cudromaiche na sin airson na Gàidhlig. Dh'fhaodadh an aithisg a bhith eadhon na bu làidire ann a bhith ag ràdh, gu sònraichte a thaobh fileantaich, gu bheil e riatanach do phàrantan aig a bheil Gàidhlig prìomhachas a thoirt don chànan aca san dachaigh.

Mar sin, chuirinn am prìomhachas mu dheireadh agaibh anns a' phrìomh àite: mothachadh air àite bunaiteach na dachaigh ann an leasachadh is stèidh na cànan. Mura h-eil am mothachadh sin ann, bidh am prìomh prìomhachas agaibh a thaobh “ro-innleachdan airson Gàidhlig a sgaoileadh san dachaigh” gun fheum. 'S e a' mhiann is tuigse a thig an toiseach, an uair sin an ro-innleachd airson sin a thoirt gu buil.

1.2 Coimhearsnachd:

Tha mi ag aontachadh ris an earrainn seo.

1.3 Àite-obrach:

Tha mi ag aontachadh ris an earrainn seo.

1.4 Leasachadh Corpais:

Tha mi ag aontachadh ris an earrainn seo.

2. Inbhe:

An Ro-ràdh:

Tha an targaid airson 2.0% dhen t-sluagh le cuibhreann de dh'eòlas air Gàidhlig ann an 2011 ro ìosal. Mholainn gum fàg sibh an targaid airson 2011 an dàrna taobh, agus gum amais sibh air 8% dhen t-sluagh ann an 2021.

2.1 Planaichean Gàidhlig:

Tha a' phuing agaibh air "buidhnean taobh a-muigh cuairt na h-Achd a bhrosnachadh gus gabhail ri spiorad Achd na Gàidhlig" air leth cudromach. Dh'fhaodadh buannachd a cheart cho mòr tighinn às a seo 's a thig bho na buidhnean a dh'fheumas plana ullachadh. Feumaidh oidhirp a bhith ann buidhnean coimeirsealta a thoirt a-steach don ghnòthach airson cur ris na tha a' tachairt anns an roinn phoblaich.

2.2 Seasamh:

Tha mi ag aontachadh ris an earrainn seo.

2.3 Mothachadh:

Tha mi ag aontachadh ris an earrainn seo.

2.4 Taic:

Tha mi ag aontachadh ris an earrainn seo.

3. Foghlam:

An Ro-ràdh:

Cha chreid mi gu bheil sibh ag ràdh gu leòr mu na rathaidean a-steach do shaoghal na Gàidhlig a bharrachd air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Dh'ionnsaich an t-ùghdar seo Gàidhlig mar inbheach agus tha mi mothachail don uiread de dhaoine a thàinig a-

steach don chànan mar inbhich a chionn 's gun robh spionnadh anna. Tha iad sin air leth cudromach don chànan. Chan eil a leithid de spionnadh ann am mòran a thàinig tro fhoghlam Gàidhlig, gu mì-fhortanach. Ach chan eil an t-slighe a-steach don chànan furasta – feumaidh Bòrd na Gàidhlig an t-slighe sin a dhèanamh nas fhasa. Tha sin riatanach oir chan eil, agus cha bhi, foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann fhèin a' cruthachadh gu leòr de luchd-labhairt – cuimhnichibh gu bheil sin feumach air na mìltean, chan e na ceudan. Feumaidh ro-innleachd mhath a bhith ann airson na mìltean eile a thoirt a-steach mar inbhich.

Mar phàirt dhen ro-innleachd sin, tha sinn feumach air siostam nàiseanta ionnsachaidh, mar a thathar a' dèanamh le Ulpan sa Chuimrigh, agus bu chòir do Chlì Gàidhlig a bhith air ainmeachadh am measg nam buidhnean a tha, agus a bhitheas, an sàs ann am foghlam.

3.1 Bliadhnaichean tràth:

Tha mi ag aontachadh ris an earrainn seo.

3.2 Bliadhnaichean sgoile:

Tha mi ag aontachadh ris an earrainn seo.

3.3 Treas-ìre is Fad-beatha:

Tha mi ag aontachadh ris an earrainn seo.

3.4 Stòras Foghlaim:

Tha mi ag aontachadh ris an earrainn seo.

4. Cultar:

Tha mi ag aontachadh ris na tha sgrìobhte fo “Cultar” ach gu bheil saidheans, na ceàird is meidigeachd air an dìochuimhneachadh buileach. Mar a tha gnothaichean ann an Alba, tha a' Ghàidhlig gu ìre mhòr air a glasadh a-mach à saidheans. Tha i a' dèanamh glè math a thaobh dualchas is cultar, ge-tà (ann an coimeas ri saidheans). Tha cunnart ann gum bi a' Ghàidhlig air a tomhas, chan ann mar “cànan na croite” ach “cànan nan ealain”, ach gum bi i fhathast ann an oisean, leis nach bi i air a tomhas mar fheumail do shaidheans, teicneòlas no gnothaichean “practaigeach”.

Bu choir rudeigin a bhith anns a' phlana mu àite a bharrachd a bhith aig a' Ghàidhlig ann an saidheans, teicneolas is ceàirden.

5. Conaltradh:

An Ro-ràdh:

A-rithist chan eil mi toilichte le targaid airson 2011. Bu choir targaid a bhith ann airson 2021 de (chanainn) 4% dhiubhsan ann an Alba a tha aois trì is còrr a bhith comasach air Gàidhlig a leughadh agus airson comas leughaidh a bhith aig (co-dhiù) 90% de dhaoine a bhruidhneas an cànan. Tha am figear de chomas leughaidh truagh truagh an-dràsta (ged a tha e a' dol am feabhas) agus tha sin a' bualadh air fèin-earbsa nan Gàidheal gu mòr.

5.1 Meadhanan-clò:

Tha mi ag aontachadh ris an earrainn seo.

5.2 Sgaoileadh craolaidh:

Tha mi ag aontachadh ris an earrainn seo. Tha e cudromach, mar a tha sibh ag ràdh, gun tèid cothrom roghainneil a thoirt do dhaoine fo-thotalan a bhith aca nuair a thogras iad, ann an Gàidhlig no Beurla, ach gun a bhith air an sparradh air an luchd-amhairc mar a tha an-dràsta.

5.3 Cothrom air Susbaint:

Tha rudeigin mòr a dhìth air an earrainn seo: 's e sin gu feum aon phrìomhachas a bhith ann co-cheangailte ri seirbheis do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Tha na meadhanan Gàidhlig a' dèanamh glè bheag do luchd-ionnsachaidh agus tha an t-àm aca fad' a bharrachd a dhèanamh.

5.4 Eadar-ghnìomhachd:

Tha mi ag aontachadh ris an earrainn seo.

Crìoch